



Rathad Shìphoirt  
Steòrnabhagh  
Eilean Leòdhais  
HS1 2SD

Seaforth Road  
Stornoway  
Isle of Lewis  
HS1 2SD

23 Cèitean 2013

23 May 2013

Colette Bowe  
Cathraiche  
Ofcom  
Taigh Riverside  
2A Rathad Southwark Bridge  
LUNNAINN  
SE1 9HA

Colette Bowe  
Chairperson  
Ofcom  
Riverside House  
2A Southwark Bridge Road  
LONDON  
SE1 9HA

A Bh-uas Bowe

Dear Ms Bowe

## Aithisg Bhliadhnail & Aithris nan Cunntasan

## Annual Report & Statement of Accounts

An co-chòrdadh ri Earrann 19 (12) de Achd Craolaidh 1990, tha mi a' cur an cois seo Aithisg Bhliadhnail Sheirbheis nam Meadhanan Gàidhlig agus Aithris nan Cunntasan airson na bliadhna a dhùin 31 Màrt 2013.

In accordance with Schedule 19 (12) of the Broadcasting Act 1990, I enclose the Annual Report of Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig (Gaelic Media Service) and the Statement of Accounts for the year ended 31 March 2013.

**Magaidh Choineagan**  
CATHRAICHE

**Maggie Cunningham**  
CHAIRPERSON





# CLÀR-INNSE CONTENTS



Derek Mac an Tòisich a' dèanamh guthan air Am Prionnsa Beag

**04** LÈIRSINN / RÙN  
VISION / MISSION

**06** TEACHDAIREACHD A' CHATHRAICHE  
CHAIRPERSON'S MESSAGE

**10** LÈIRMHEAS AN ÀRD-OIFIGEIR  
CHIEF EXECUTIVE'S REVIEW

**14** LÈIRMHEAS AIR GNÌOMHAN & GNOTHAICHEAN  
ACTIVITIES & BUSINESS REVIEW

**18** AMASAN & TORAIDHEAN 2012-13  
OBJECTIVES & OUTCOMES 2012-13

**22** LÈIRMHEAS AIR PRÒGRAMAN NA BLIADHNA  
CONTENT REVIEW OF THE YEAR

**36** AITHRIS RIAGHLAIDH  
GOVERNANCE STATEMENT

**39** CUNNTASAN AIRSON NA BLIADHNA A DHÙIN 31 MÀRT 2013  
ACCOUNTS FOR THE YEAR ENDED 31 MARCH 2013

**58** TUILLEADH FIOSRACHAIDH  
ADDITIONAL INFORMATION

**60** LUCHD-OBRACH  
STAFF

**62** BUILL A' BHÙIRD  
BOARD MEMBERS

**64** COMHAIRLICHEAN & FIOS THUGAINN  
ADVISORS & CONTACT DETAILS



# LÈIRSINN VISION

**GUM BI NA MEADHANAN GÀIDHLIG  
AITHNICHTE FAD IS FARSAING AIRSON  
OBAIR CHRUTHACHAIL, ÙR-GHNÀTHACH  
AGUS DEN ÌRE AS ÀIRDE**

**THAT GAELIC MEDIA IS RECOGNISED  
UNIVERSALLY FOR CREATIVITY,  
INNOVATION AND THE HIGHEST  
STANDARDS**

# RÙN MISSION

**GEALLAIDH SINN SPIONNADH AGUS  
BROSNACHADH A THOIRT TRON GHÀIDHLIG  
AGUS NA MEADHANAN**

**OUR PROMISE IS TO INSPIRE AND  
ENCOURAGE THROUGH GAELIC AND THE  
MEDIA**

---

**A' TOIRT GÀIDHLIG THUGAIBH  
BRINGING GAELIC TO YOU**



# TEACHDAIREACHD A' CHATHRAICHE

## CHAIRPERSON'S MESSAGE

Tha e air a bhith na mhòr thlachd dhomh nam chiad bhliadhna mar Chathraiche air MG ALBA, a bhith a' faicinn àrdachadh ann an iartasan airson prògraman Gàidhlig. Tha mothachadh agus ruigse BBC ALBA air fàs gu seasmhach ann an 2012-13. Tha am fàs seo ceangailte gu mòr ri ar sgioba ùr-ghnàthach agus an obair chruaidh a tha iad a' dèanamh. Tha mi airson taing a thoirt don Chathraiche a bh' ann romham, Alasdair Moireasdan, dhan luchd-obrach agus dhan Bhòrd a bha ann agus dhan Bhòrd a tha ann a-nis, a rinn cinnteach, tron obair ionmholta, gu bheil BBC ALBA ri fhaighinn anns gach dachaigh ann an Alba air Freeview agus nas fharsaing air càball agus saideal.

Chan eil teagamh ann nach eil BBC ALBA air a bhith soirbheachail bho chaidh e air an èadhar o chionn còig bliadhna san t-Sultain 2008. Tha an t-seanail gu bitheanta a' ruigsinn còrr is 500,000 neach-amhairc gach seachdain, targaid a chuir Urras a' BhBC an cèill nuair a chaidh i air Freeview ann an 2011. Tha misean soilleir roimhpe a bhith a' frithealadh an dà chuid daoine aig a bheil a' Ghàidhlig agus feadhainn aig nach eil i, agus leis a' Ghàidhlig aig a cridhe, tha an t-seanail a' lìbhrigeadh stuth a chaidh a chruthachadh ann an Alba fhèin is a tha a' buntainn ris an dùthaich air fad.

In my first year as Chair I have been delighted to see increasing demand for Gaelic content. Both awareness and reach of BBC ALBA grew steadily in 2012-13. This theme of growth is inextricably linked to the hard work and dedication of our innovative and dedicated team. I want to pay tribute to my predecessor, Alasdair Morrison, and the staff and Board, past and present, whose diligence ensured that BBC ALBA is accessible to all viewers in Scotland on Freeview and beyond, on cable and satellite.

BBC ALBA has been an undisputed success since it started broadcasting five years ago in September 2008. The channel frequently surpasses the reach target of 500,000 viewers per week that was set by the BBC Trust when it launched on Freeview in 2011. It has a distinct mission in Scotland to reach out to both Gaelic and non-Gaelic speakers, and with Gaelic at its core, the channel delivers home-produced content that is relevant to a whole nation.

'S e an luchd-amhairc ar prìomh luchd-ùidhe agus feumaidh sinn a bhith mothachail air na bu mhiann leotha fhacinn. Tha MG ALBA a' cur fàilte air an t-saoghal dhidseatach le misneachd agus spionnadh agus a' dèanamh cinnteach gun tig leasachadh air ar ro-innleachd dhidseatach gu maith an luchd-amhairc. Tha cleachdaidhean dhaoine agus na dòighean sa bheil iad a' coimhead na seanail air atharrachadh. San Dàmhair 2012, ghabh an iPad àite a' PhC mar an dòigh as cumanta le luchd-amhairc stuthan a choimhead agus dh'fhàs iarrtasan airson prògraman BBC ALBA air iPlayer gu mòr ann an 2012-13, le àrdachadh de 86% anns an luchd-cleachdaidh bhon uiridh. Tha prògraman chloinne leithid dealbhan-beò mar Peppa am measg nam prògraman a tha a' dèanamh math air an iPlayer.

Anns a' bhliadhna mu dheireadh, thug sinn cruth ùr air ar làrach-lìn ([www.mgalba.com](http://www.mgalba.com)) agus ann an oidhirp meudachadh ar n-ìomhaigh agus ar cleachdadh le ar bun-luchd-amhairc agus eile, chaidh sinn air twitter (@gaelicmedia), a' togail air ar làthaireachd air facebook ([facebook.com/gaelicmedia](http://facebook.com/gaelicmedia)). Tha na goireasan a tha rim faighinn air an làrach-lìn LearnGaelic.net, a tha air a ruith ann an com-pàirteachas le MG ALBA, Sabhal Mòr Ostaig, Bòrd na Ceiltis (Alba) agus Bòrd na Gàidhlig, air foillseachadh fhaighinn air BBC ALBA, a' togail mothachadh an luchd-cleachdaidh air dè tha ri fhaighinn air an làrach, air a bheil stuth ùr a' dol gu cunbhalach, a' togail beairteas an làraich do luchd-labhairt na Gàidhlig agus luchd-ionnsachaidh. Am measg nithean eile, tha sinn air faidhlichean fuaim a chur ris an fhaclair air-loidhne agus air teacsa eadar-ghnìomhach a cheangal ri mìrean naidheachdan bho ar seirbheis naidheachd, 'An Là'.

Bha FilmG, co-fharpais nam filmichean goirid Gàidhlig, a choisinn duais an Tachartas Cultarach as Fheàrr a rèir Duaisean Tachartasan na h-Alba 2012, a-rithist na fhuair eisimpleir de sgeulachdan Ghàidhlig agus tàlant – òg agus sean! Tha feabhas nam filmichean agus an dòigh

The audience is our most important stakeholder and we must strive to deliver content in line with changes in audience consumption. MG ALBA is embracing the digital world with confidence and energy, developing our digital strategy to enhance the viewing experience. Mobile access is increasingly important and viewers are well and truly embracing the second screen. In October 2012, the iPad overtook the PC as the most popular platform for non-linear content and the iPlayer has been one of our biggest success stories of 2012-13, with an 86% increase in the number of users since last year. Children's animations such as Peppa are consistently among the most popular genres on the iPlayer.

In the past year we revamped our website ([www.mgalba.com](http://www.mgalba.com)) and in a bid to increase our online presence and engagement with the core and wider audience, we joined the world of twitter (@gaelicmedia), supplementing our existing social media presence ([facebook.com/gaelicmedia](http://facebook.com/gaelicmedia)). The resource-rich Gaelic learners site, LearnGaelic.net, run in partnership by MG ALBA, Sabhal Mòr Ostaig, the Board of Celtic Studies (Scotland) and Bòrd na Gàidhlig, has benefited from a series of trails on BBC ALBA which has raised awareness of the new resources now available to Gaelic speakers and learners. New additions to the site include sound files to support the online dictionary, subtitled BBC ALBA news stories with teaching support, and much more.

The Gaelic short film competition FilmG, winner of Best Cultural Event at the 2012 Scottish Event Awards, was yet again a true celebration of Gaelic stories and talent – young and old! The quality of films continues to impress and we are encouraged by the enthusiasm for FilmG and the level



sa bheil FilmG air sgeul fhaighinn air tàlant cruthachail sna còig bliadhna mu dheireadh nan adhbhar misneachd dhuinn. 'S ann tro iomairtean leithid seo a tha an ath ghinealach de thàlant a' tighinn gu bith agus tha e na thlachd a bhith a' faicinn dhaoine òga a' cleachdadh agus ag innse an sgeulachdan tron Ghàidhlig agus tron cuid fhilmeadaireachd. Nach toir sibh sùil air na 320 film a tha air [www.filmg.co.uk](http://www.filmg.co.uk).

Ann a bhith a' cur ar n-ainm ri Meòrachan Còrdaidh ann an 2012 eadar sinn fhèin agus Bòrd na Gàidhlig, tha sinn air cur ri ar dealas a bhith a' co-obrachadh le chèile agus a' coimhead air adhart ris a' cho-bhanntachd sin a leasachadh sna bliadhnaichean a tha romhainn gu maith na cànan.

Tha BBC ALBA air fàs gu bhith na chraoladair chudromach a tha a' cur taic ri gnìomhachas nam meadhanan Gàidhlig ann an Alba. Feumar dèanamh cinnteach gun lean seo. A dh'aindeoin an t-soirbheis seo, tha sinn mothachail gum fàs ar luchd-amhairc sgìth de ath-chraolaidhean. Tha na buidseatan a th' againn an-dràsta a' ciallachadh nach eil cothrom againn gnèithean sònraichte, nam measg dràma, comadaidh, no nuadh-phrògraman do chloinn a leasachadh. Tha an seòrsa phrògraman seo nam pàirt riatanach airson seanail loidhneach sam bith agus deatamach gus an ath ghinealach de luchd-labhairt na Gàidhlig a thàladh chun t-seanail.

A dh'aindeoin duilgheadasan, tha MG ALBA air fuasglaidhean cruthachail a lorg a thaobh maoineachadh agus prògraman. Sna bliadhnaichean ri teachd, nì MG ALBA oidhirp mhòr gus dèanamh cinnteach gun lean BBC ALBA ann a bhith a' libhrigeadh prògraman làidir do ar luchd-amhairc agus aig an aon àm a' sireadh fuasglaidhean iomchaidh don dùbhlán maoineachaidh a rèir ar rùn coitcheann, a' gabhail a-steach a bhith a' sireadh tuilleadh chothroman co-riochdachaidh.

Tha sinn air a bhith air ar brosnachadh agus tha meas mòr againn ann an soirbheas nam prògraman dràma às an Danmhairg, Borgen agus The Killing, agus a' coimhead air adhart, leanaidh sinn le bhith a' co-roinn ar n-eòlas le craoladairean mion-chànain eile leithid S4C agus TG4 gus cur ri ar ro-innleachdan coimiseanaidh agus maoineachaidh. Tha MG ALBA den bheachd gum bu chòir do ro-innleachd dhùthchasail mhion-chànain a bhith na pàirt chudromach de dhòigh-obrach a' BhBC thar nam beagan

of creative talent that it has unearthed over the past five years. It is through initiatives like FilmG that the next generation of talent will come to the fore and it is heartening to see young people using the medium of Gaelic to tell their stories through filmmaking. Please take a look at the archive of 320 films online at [www.filmg.co.uk](http://www.filmg.co.uk).

We reinforced our commitment to collaboration with Bòrd na Gàidhlig by signing a Memorandum of Understanding in 2012 and we look forward to building on that partnership over the coming years to ensure a healthy future for the language.

BBC ALBA has become a valued, home-grown broadcaster that supports a thriving Gaelic media industry in Scotland. We must ensure that this continues. Despite the success, however, we are conscious of the danger of audience fatigue driven by a high repeat ratio. Current budgets have made it difficult to develop key genre, including drama, comedy, or original programmes for children, which are core to any linear channel and are vital in securing the next generation of Gaelic speakers as part of our core audience.

MG ALBA has not been defined by its limitations but has had to find creative solutions for funding and programme making. In the coming years, MG ALBA will work tirelessly to ensure that BBC ALBA can continue to deliver strong programming to our audiences, whilst expertly seeking solutions to the funding challenge that fit with our overall mission, including pursuing more co-production opportunities.

We admire and have been inspired by the global success acquired by Danish dramas Borgen and The Killing, and looking ahead, we will continue to share experiences with our fellow minority language broadcasters such as S4C and TG4 to inspire our commissioning and funding strategies. MG ALBA believes that an indigenous minority language strategy should form an important part of the BBC's approach over the next few years. We will continue to engage with the BBC Executive and the BBC Trust to



bhliadhnaichean a tha romhainn. Leanaidh sinn le bhith a' togail càirdeas leis a' BhBC agus Urras a' BhBC gus taic a chumail ris an t-seanail airson seirbheis buileach nas fheàrr a thoirt dhan luchd-amhairc. Tha sinn ag amas a bhith a' neartachadh na Gàidhlig nar prògraman, an t-seirbheis naidheachd a leudachadh chun deireadh sheachdain, agus beachdachadh air buaidh teicneòlais, stuthan HD nam measg.

Aig toiseach na bliadhna, chuir sinn fàilte air ceathrar Bhall ùra gu Bòrd MG ALBA. Tha Jo NicDhòmhnaill, Iain Caimbeul, Dùghall MacAmhlaigh agus Daibhidh Brew a' toirt eòlas air leth gu sgioba de ochdnar, a tha a' toirt stiùir ro-innleachdail airson soirbheas MG ALBA anns na bliadhnaichean a tha romhainn.

A thuilleadh air an luchd-obrach agus air a' Bhòrd, feumaidh mi cuideachd mo thaing a thoirt don luchd-coimiseanaidh agus dhaibhsan a tha a' riochdachadh nam prògraman a chithear air BBC ALBA. Tro BhBC ALBA, tha sinn air chomas tàlant ùr a bhrosnachadh agus misneachd a thoirt rudan ùra fheuchainn ann an riochdachadh phrògraman. Bu chòir dhuinn a bhith air leth moiteil den tàlant chruthachail a th' againn ann an Alba.


Tha mi air mo mhisneachadh gu mòr leis na tha de thaic aig MG ALBA agus BBC ALBA, is tha sin na dheagh chothrom dhomhsa, dhan Bhòrd is dhan luchd-obrach, leantainn oimn a' togail air an obair mhath a chaidh a dhèanamh chun na h-ìre seo.

leverage support for the channel and provide an even more valuable service for viewers. We aim to strengthen our focus on Gaelic in our programming, extend the news service to weekends, and consider the impact of technology, including HD content.

At the start of the year we welcomed four new members to the MG ALBA Board. Jo MacDonald, Iain Campbell, Dugald MacAulay and David Brew bring a wealth of experience and knowledge to what is now an eight-strong team that provides clear strategic direction for the future success of MG ALBA.

As well as to staff and Board, I must also express my thanks to the commissioners and programme makers who continue to supply BBC ALBA with its unique content. Through BBC ALBA we are able to nurture new talent and encourage a raft of innovative ideas for Gaelic production and we should be immensely proud of the creative talent that Scotland has to offer.

Filled with confidence by the positive feedback and support for MG ALBA and BBC ALBA, I relish the opportunity to work with the partnership staff and Board to continue to build on this success.



Magaidh Choineagan | Cathraiche  
Maggie Cunningham | Chairperson



# LÈIRMHEAS AN ÀRD-OIFIGEIR CHIEF EXECUTIVE'S REVIEW

Tha MG ALBA a' toirt prìomhachas don luchd-amhairc. 'S e sin a tha sinn ag ràdh gu poblach anns na Luachan againn agus bhon t-sealladh sin, chan eil teagamh sam bith nach robh 2012-13 na bliadhna a bha gu sònraichte soirbheachail dhuinn.

Tron bhliadhna, thòisich an rannsachadh luchd-amhairc air dearbhadh gu robh BBC ALBA air ceumnachadh, mar a bhathar a' sùileachadh, gu inbhe chraoladair aithnichte nàiseanta air feadh Alba. Dh'fhàs àireamh luchd-amhairc phrògraman BBC ALBA gu mòr, 46% air telebhisean agus dùblachadh air-loidhne air an iPlayer, agus chunnaic sinn cuideachd gluasad mòr ann an cleachdadh innealan-làimhe, gu h-àraid iPad. Tha Lèirmheas air Prògraman na Bliadhna ag innse sgeòil prògraman BBC ALBA a tha air an t-soirbheas seo a chruthachadh.

A thuilleadh air soirbheachas na seanail mu choinneamh luchd-amhairc nàiseanta, bha e taitneach gun robh BBC ALBA fhathast fallain ann am beachd coimhearsnachd na Gàidhlig, le barrachd is 7 a-mach à 10 neach-labhairt a' coimhead air an t-seanail gach seachdain.

Tha e follaiseach gu bheil BBC ALBA gu soirbheachail air na ciad ceumannan tòisichidh a chur air a chùl agus gur e an obair mhòr a tha romhainn a bhith a' cur ri beairteas na seirbheis agus a' cosnadh a maireannachd.

MG ALBA puts the audience first. That is the public statement we make in our Values, and from that viewpoint, there is no doubt that 2012-13 was a most successful year for us.

During the course of the year, audience feedback began to confirm that BBC ALBA had attained the status of a recognised national broadcaster across Scotland. Television audience figures for BBC ALBA grew by 46% and online iPlayer viewing almost doubled. We also saw significant growth in the use of mobile devices, particularly the iPad. The Content Review of the Year gives a full narrative of the BBC ALBA programming that creates this success.

It was especially pleasing that, as well as performing well with national audiences, BBC ALBA remained as highly regarded as ever by the Gaelic-speaking viewership, with more than 7 out of 10 speakers watching the channel every week.

It is clear that BBC ALBA has successfully put the early years behind it. The challenge ahead is to enrich the channel's offering and secure its longevity.

Air a' bhliadhna, chaidh goireasan ùra lèir-chlaisneach a chruthachadh airson luchd-ionnsachaidh. Rinn sinn iomairt sanasachd eadar an Dàmhair agus an Dùbhlachd, cuid dheth air BBC ALBA, airson nan stuthan sin a chuir fa chomhair luchd-amais agus mar thoradh air an sin chunnacas meudachadh de 39% air àireamhan luchd-tadhail LearnGaelic, dearbhadh gu bheil an t-seirbheis sin luachmhor do luchd-ionnsachaidh.

Thàinig farpais FilmG gu crìoch le fèill air tàlant ùr nam meadhanan Gàidhlig sa Mhàrt 2013. Tha FilmG a' cumail a bhith gar brosnachadh gach bliadhna. Le 62 film san fharpais, tha miann is iarrtas ann airson adhartas, agus cha bu mhiste leinn an dòchas agus am misneachd sin fhuasgladh agus a chur chun fheum as fheàrr.

Air cùl bliadhna a bha cho soirbheachail bha saothair gach neach a bha an-sàs agus an deagh fheum a rinnear de cho-bhanntachd agus de chom-pàirteachas. 'S e iomairtean co-obrachaidh a tha ann am BBC ALBA, LearnGaelic agus FilmG agus air sgàth sin, tha an luchd-cleachdaidh a' dearbhadh gu bheil tabhartasan nan seirbheisean sin, a bhiodh duilich tighinn bho aon bhuidheann a-mhàin, dhan rèir. Ma bha gearanan sam bith ann, b' iad nach eil cothrom gu leòr ann airson tàlant a thoirt air adhart bho ìre tòisichidh gu ìre proifeiseanta, nach eil nuadh-dhràma air BBC ALBA agus gu bheil cus ath-chraolaidhean air BBC ALBA. Bha

The year also saw the creation of new audio-visual resources for learners. A promotional campaign between October and December, partly on BBC ALBA, brought this new content to the attention of learners. As a result, we saw growth of 39% in unique visitors to the LearnGaelic site, proof that this service is of value to learners.

FilmG came to its conclusion in March 2013 with a celebration of new Gaelic media talent. FilmG continues to inspire year on year. With 62 short films entered into this year's competition, there is a desire and a demand for progress, and we aspire to find a solution that will allow that hope and aspiration to be fulfilled.

The key to a successful year was the hard work of all who were part of it and the good use we made of partnership and collaboration. BBC ALBA, FilmG and LearnGaelic are all joint enterprises and, as a direct result of that, users confirm to us that the services they provide fit their needs, something that would be difficult for one body on its own to achieve. If there were any complaints, they were that there are not enough opportunities to develop talent through from beginner to professional, that BBC ALBA has no original drama and that there are too many repeats on BBC ALBA. We were acutely aware throughout the year that our funding was thinly spread



sinn mothachail tron bhliadhna gun robh ar maoin air a choinn gu tana air feadh a' chlàr-phrògram agus nach robh e comasach dhuinn ach 1.7 uaireannan de phrògraman ùra a chraoladh gach latha, an coimeas ris an 3 uair gach latha a tha sinn a' meas iomchaidh.

Ann an 2012-13, bha an teachd-a-steach bho Riaghaltas na h-Alba £480k na b' airde na a' bhliadhna roimhe. Thug sin dhuinn an cothrom tòiseachadh air dràma leantainneach a leasachadh, gnè phrògram a tha riatanach don t-seanail ach nach eil air a bhith comasach dhuinn a libhrigeadh gu ìre chiallach sam bith.

Tha sinn cuideachd mothachail gu bheil BBC ALBA às aonais na h-uiread de phrògraman chloinne agus de ghoireasan ioma-mheadhan Gàidhlig 's a bu chòir. Tha e riatanach na h-iarrrtasan sin a riarachadh agus tha iad a' seasamh taobh ri taobh ri gnè dràma mar phrìomhachas don t-seanail airson na h-ùine a tha romhainn. Airson nan rudan sin a thoirt gu buil, bidh e riatanach maoin susbainteach a bharrachd a chosnadh.

Anns a' bhliadhna 2012-13, chaidh 397 uairean de phrògraman maoinichte le MG ALBA a chraoladh air BBC ALBA, 6 nas lugha na 2011-12. Chaidh 212 uairean de phrògraman maoinichte leis a' BhBC a chraoladh cuideachd. Bha luach £3.0m de stoc phrògraman againn aig deireadh na bliadhna, a rèir poileasaidh a' chompanaidh, agus bha £497k de dh'airgead-làimh san duilleig-chothromachaidh, £250k a bha air a chomharrachadh roimhe seo airson obraichean calpa ann an Steòrnabhagh ann an 2013-14.

Aig fìor dheireadh na bliadhna, thòisich obair leasachaidh air oifisean agus goireasan MG ALBA aig 54 Rathad Shìphoirt, Steòrnabhagh. Ghluais am buidheann a-steach do 56 Rathad Shìphoirt agus an uair a bhios an obair leasachaidh crìochnaichte aig toiseach an fhoghair bidh an dà thogalach còmhla stèidhichte mar Ionad nam Meadhanan Cruthachail, le MG ALBA agus am BBC ann an Steòrnabhagh a' co-roinn nan goireasan le gnìomhachasan cruthachail eile.

across the TV schedule and that we could only broadcast 1.7 hours of originations daily, as opposed to our target of 3 hours per day.

Scottish Government grant-in-aid in 2012-13 was £480k higher than the previous year. That allowed us to begin to develop returning drama, a genre that is essential for the channel but which has been beyond our means to deliver to any serious extent up to now.

We are also aware that BBC ALBA does not have as many childrens' programmes or multi-media resources as it should. We want to satisfy these needs, and they stand side by side with drama as priorities for the channel for the time ahead. Significant additional funding will be required in order to achieve this.

In 2012-13, BBC ALBA broadcast 397 hours of MG ALBA-funded programmes, 6 less than 2011-12. BBC ALBA also broadcast 212 of BBC-funded programmes. We had £3.0m of programme value in stock at the end of the year, in line with company policy, and there was cash of £497k on the balance sheet, £250k of which has been earmarked and carried forward for capital works in Stornoway in 2013-14.

At the very end of the year, development work started on MG ALBA's offices and facilities at 54 Seaforth Road, Stornoway, with staff decanting into 56 Seaforth Road. When the works are completed at the start of the autumn, the two buildings combined will be established as the Creative Industries and Media Centre, with MG ALBA and the BBC in Stornoway sharing resources with other creative businesses.



B' i seo a' chiad bliadhna fon t-suidheachadh ùr VAT againn, agus mar thoradh air sin stad MG ALBA a bhith a' toirt seachad tabhartasan airson phrògraman. An àite sin, bha MG ALBA a' ceannach phrògraman fo chùmhnanan choimeirsealta àbhaisteach. Bha an gluasad gun thrioblaid agus bha sinn fada an comain an fheadhainn a shaothraich gus sin a thoirt gu bith gu siùbhlach.

Tha BBC ALBA gu mòr an eisimeil saothair agus proifeiseantachd nan riochdairean a tha a' dèanamh phrògraman na seanail agus mar a tha iad a' cumail an sùil gu dileas agus gu dìcheallach air maith an luchd-amhairc agus an luchd-cleachdaidh.

Tha na sgiobaidhean – seanail, ionmhas, teicneòlas, rianachd is conaltradh – gu mòr rim moladh airson an dòigh anns a bheil iad a' libhrigeadh BBC ALBA, LearnGaelic agus FilmG, taobh a-staigh crìochan ionmhais theann. Tha sinn an comain a' Bhùird airson an lèirsinn, an spionnadh agus an treòrachadh a tha iad a' toirt dha na meadhanan Gàidhlig. Tha ar co-bhanntachd leis a' BhBC air a bhith mar dheagh shamhla de chom-pàirteachas – bu mhath leinn ar taing a nochdadh dhaibhsan agus dearbhadh gur ann tro bhith a' neartachadh ar com-pàirteachais a thig an adhartas agus na buannachdan a tha sinn ag iarraidh airson an luchd-amhairc.


Mu dheireadh, tha sibhse aig toiseach agus aig crìoch ar n-adhbhar bith agus tha sinn fada nur comain, sibhse a tha gach latha no gach seachdain a' tighinn a choimhead prògraman BBC ALBA no a' gabhail pàirt ann an FilmG no LearnGaelic. Gur fad a mhaireas sin.

This was the first year under our new VAT arrangements and as a result we stopped making programme grants. Instead, MG ALBA purchased programmes on normal commercial terms. The transition took place without a hitch and we were grateful for the hard work of those who achieved this seamlessly.

BBC ALBA is indebted to the hard work and professionalism of the producers who make the channel's programmes, and to the way in which they keep a faithful and diligent eye on the needs of the audience and users.

The channel, finance, technology, administration and communications teams deserve praise for the way they deliver BBC ALBA, LearnGaelic and FilmG within tight financial constraints. We are indebted to the Board for their insight and for the energy and leadership they give to Gaelic media. Our partnership with the BBC has been a good example of collaboration – we would like to thank them and to re-affirm that the progress and benefits we seek for the audience will come through strengthening our partnership.

Finally, you are the beginning and the end of our raison d' être and we thank you most sincerely, you who watch BBC ALBA's programmes daily or weekly, and you who participate in FilmG or LearnGaelic. Long may this last.



Dòmhnall Caimbeul | Àrd-Oifigear  
Donald Campbell | Chief Executive





# LÈIRMHEAS AIR GNIOMHAN & GNOTHAICHEAN

## ACTIVITIES & BUSINESS REVIEW









## RO-INNLEACHD AGUS GOIREASAN

Tha MG ALBA a' coileanadh a dhleastanas gu ìre mhòr tro BhBC ALBA, an t-seirbheis telebhisein agus ioma-mheadhain Gàidhlig a tha e a' ruith ann an co-bhanntachd leis a' BhBC. Tha aonta laghail eadar MG ALBA agus am BBC, a tha a' cur an cèill mar a thèid BBC ALBA a ruith leis an dà bhuidhinn agus na stòrasan a chuireas gach buidheann ris a' phròiseact. Tha a' cho-bhanntachd seo air a stiùireadh le Bòrd na Co-bhanntachd.

Air 1 Giblean 2012, dh'atharraich sinn ar dòigh coimiseanaidh bho bhith a' toirt seachad tabhartasan riochdachaidh gu bhith a' ceannach chòraichean nam prògraman gu coimeirsealta. Lean sinn oirnn a bhith a' riochdachadh nam mìrean eadar na prògraman agus ghabh sinn os làimh a bhith a' coimhead às dèidh agus a' cur nam mìrean sin agus prògraman tro dheuchainnean teicnigeach mar phàirt de na tha sinne a' cur ri BBC ALBA. Mar thoradh air seo, thòisich sinn a' pàigheadh VAT steach-chur air na bha sinn a' ceannach de phrògraman agus a bhith a' cur cunntas chun BhBC airson VAT mach-chur a thaobh na tha sinn a' solarachadh dhaibh. Chaidh na dòighean-obrach ùra seo an cur an-sàs gu soirbheachail agus às aonais dragh do na sruthan-obrach. Sa bhliadhna, chaidh 75% de ar cosgais air prògraman gu ruige riochdairean neo-eisimeileach.

Tron bhliadhna, chuir sinn ar n-ainm ri Meòrachan Còrdaidh le Bòrd na Gàidhlig a tha a' cur an cèill nan raointean sam bi sinn a' co-obrachadh le chèile. Lean sinn le cùmhnant Lèirsinn gus rannsachadh luchd-amhairc am measg luchd-labhairt agus luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig agus chuir sinn an còigeamh co-fharpais FilmG air chois gus taic a chur ri com-pàirteachais sna meadhanan ann an sgoiltean agus ann an coimhearsnachdan. Lean sinn cuideachd le bhith a' cur taic ri oileanaich a' faighinn a-steach gu gnìomhachas nam meadhanan agus ri leasachadh phroifeasanta leantainneach do dhaoine fa leth sa choimhearsnachd chruthachail.

Ann an 2012-13, choinnich am Bòrd aon turas le Alasdair Moireasdan sa chathair agus ceithir tursan le Magaidh Choineagan sa chathair. Bheachdaich am Bòrd gu mionaideach air ro-innleachd na buidhne airson an ama ri teachd agus ghabh iad ri aithrisean Lèirsinn agus Rùn ùra na buidhne a tha san Aithisg Bhliadhnail seo. Tha Ballrachd a' Bhùird ri fhaicinn air duilleig 62.

## STRATEGY AND OPERATIONS

MG ALBA fulfils its remit principally through BBC ALBA, the Gaelic television and multi-media service which it operates in partnership with the BBC. MG ALBA and the BBC have entered into a collaboration agreement that sets out the terms on which the two organisations run BBC ALBA, and the resources that they provide to the project. The partnership is overseen by a Joint Management Board.

On 1 April 2012, we changed our commissioning model from that of providing production grants to that of purchasing programme rights on commercial terms. We continued to produce programme junctions and we undertook the technical compliance and media management of our junctions and programmes, supplying these to the BBC as part of our contribution to BBC ALBA. As a result, we began to pay input VAT on our programme purchases and to invoice the BBC for output VAT in respect of the supply to them. The new arrangements were implemented successfully and without disruption to workflows. In the year, 75% of our programme expenditure was on independent producers.

In the course of the year, we signed a Memorandum of Understanding with Bòrd na Gàidhlig which set our areas of co-operation and collaboration. We continued to engage Lèirsinn to carry out audience research among Gaelic-speakers and learners and we provided the fifth annual FilmG competition to support media participation in schools and communities. We also continued to support the transition of students into industry and the continuing professional development of individuals in the creative community.

In 2012-13, the Board met on one occasion under the Chairmanship of Alasdair Morrison and four occasions under the Chairmanship of Maggie Cunningham. The Board considered in detail the forward strategy of the organisation and adopted the new Vision and Mission statements incorporated in this Annual Report. Membership of the Board is set out on page 62.



Ann an 2012-13, choinnich a' Chomataidh Sgrùdaidh & Dearbhadh trì tursan le Dòmhnall Màrtainn sa chathair. Dh'aontaich a' Chomataidh ri gnòthaichean co-cheangailte ris an togalach riochdachaidh ùr ann an Steòrnabhagh a thèid a cho-roinn leis a' BhBC. Rinn a' Chomataidh ath-sgrùdadh air Riaghailtean Ionmhasail MG ALBA agus bheachdaich i air feumalachdan an ama ri teachd airson seirbheisean sgrùdaidh in-thaigh.

Choinnich Comataidh Inbhean ceithir tursan le Dòmhnall MacAonghais sa chathair. Rinn a' Chomataidh ùrachadh air a raon-ùghdarras agus bheachdaich i air cùisean a thaobh craoladh agus cànan phrògraman MG ALBA, a' cur an cèill gu soilleir na h-ìrean a thaobh cleachdadh na Gàidhlig a tha iad a' sùileachadh ann am prògraman MG ALBA. Thòisich a' Chomataidh cuideachd air ath-sgrùdadh de ghnè nam prògraman a tha air BBC ALBA.

Ann an co-comhairle le Ofcom, tha am Bòrd a' gabhail ri Plana Gniomhachais a tha cuideachd a' comharrachadh raointean anns a bheil gnìomhan MG ALBA a' cur ri Toraidhean Nàiseanta Riaghaltas na h-Alba. Tha an coileanadh a rèir Plana 2012-13 air a chur an cèill air duilleig 18 san aithris mu amasan agus toraidhean.

Tha fàs BBC ALBA na amas aig a' Bhòrd, mar mheadhan air dèanamh cinnteach gu bheil e a' coileanadh a chuid dhleastanasan reachdail san fhad-ùine gus maoinachadh leantainneach fhaighinn dha BBC ALBA mus tèid Cairt Rìoghail a' BhBC ùrachadh ann an 2017. Gus seo a choileanadh, cuiridh sinn ar fòcas air conaltradh le ar luchd-ùidhe gus maoinachadh bunaiteach na seanail a shuidheachadh agus cuiridh sinn spionnadh as ùr ann a bhith a' co-obrachadh le companaidhean gus prògraman tarraingeach a thoirt gu buil. Tha seasmhachd BBC ALBA an crochadh air mar a dhèiligeas sinn ri atharrachaidhean ann am modhan-cleachdaidh luchd-coimhid agus nì am Bòrd sgrùdadh gnìomhach air an dòigh sa bheil susbaint phrògraman air a chruthachadh agus air a libhrigeadh gu luchd-amhairc ùra air a h-uile meadhan, feadhainn a tha ann cheana, feadhainn ùra agus feadhainn a tha ri thighinn.

In 2012-13, the Audit & Assurance Committee met on three occasions under the Chairmanship of Donald Martin. It approved arrangements for the lease and fitting out of new production premises in Stornoway to be shared with the BBC. It reviewed MG ALBA's Financial Regulations and considered the future need for internal audit services.

The Standards Committee met on four occasions under the Chairmanship of Donald MacInnes. The Committee renewed its remit and considered both the editorial and linguistic aspects of MG ALBA's programming, clearly setting out policy expectations in relation to the usage of Gaelic in MG ALBA programmes. The Committee also began a programme of genre review of BBC ALBA content.

In consultation with Ofcom, the Board adopts an annual Operational Plan, which also identifies areas in which MG ALBA activities contribute to the Scottish Government's National Outcomes. Performance against the 2012-13 Plan is set out in the statement of objectives and outcomes on page 18.

The Board is committed to growth of BBC ALBA as a means of ensuring the delivery of its statutory responsibilities over the longer term and seeks to secure a long-term funding settlement for BBC ALBA by the time of the next BBC Royal Charter in 2017. In order to achieve this we will focus on engagement with key stakeholders to build core channel funding and we will renew our emphasis on programme collaborations in order to secure new investment into compelling content propositions. The sustainability of BBC ALBA will also depend on how well we respond to changing patterns of media consumption and the Board will actively explore how our content is created and made available to new audiences on existing, new and emerging platforms.





# AMASAN & TORAIDHEAN

## OBJECTIVES & OUTCOMES

### AMASAN OBJECTIVES

### TORAIDHEAN OUTCOMES

#### AR DAOINE & AR LUACHAN OUR PEOPLE & OUR VALUES

Airgead a thasgadh ann an leasachadh phroifeiseanta agus phearsanta an luchd-obrach gus àrdachadh èifeachdach fhaighinn sa bhuidhinn

Invest in the professional and personal development of staff in order to increase operational effectiveness

Plana trèanaidh ceart a chur an-sàs, iar-sgrùdadh IIP

Execution of structured training plan, IIP follow-up audit



#### SUSBAINT TELEBHISEIN TELEVISION CONTENT

Gus 70% de phrìomh luchd-amhairc agus 10% den luchd-amhairc nas coitichne a ruigsinn gach seachdain agus 1m seallaidhean air an iPlayer

To reach 70% of the core audience and 10% of the wider audience each week and 1m iPlayer viewings

75.3% am measg prìomh luchd-amhairc agus ruigse seachdaineil de 15.6% air feadh Alba air an coileanadh, a thuilleadh air 4.1m sealladh air an iPlayer

75.3% among core audience and 15.6% of Scotland-wide weekly reach achieved, plus 4.1m iPlayer viewings



Cùm suas iomadachd gnè, càileachd agus luach an airgid à solar nam prògraman

Maintain diversity of genre, quality and value for money from programme supply

Sgrùdaidhean dòigheil agus miadh an luchd-amhairc air an coileanadh. Tuilleadh uairean a thide de phrògraman a dhith, nam measg, dràma

Satisfactory audits and audience appreciation achieved. More volume of programming needed, including drama



Seirbheis nas fheàrr a thoirt do luchd-cleachdaidh neo-loidhneach le ro-innleachd co-fhillte air-loidhne

Serve non-linear users of Gaelic media better via integrated online strategy

Co-òrdanachadh nas fheàrr eadar sgiobaidhean air-loidhne BBC/MG ALBA gus dùblachadh a sheachnadh. Cha mhòr dùblachadh ann an iarrtasan airson meadhanan Gàidhlig neo-loidhneach

Better BBC/MG ALBA online team co-ordination achieved, eliminating duplication. Demand for non-linear Gaelic media almost doubled



Cur ri seirbheisean rèidio agus air-loidhne airson luchd-labhairt agus luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig

Enhance radio and online offerings to Gaelic speakers and learners

bbcalba.co.uk; learnGaelic.net; filmg.co.uk; mgalba.com – air an stiùireadh gu ro-innleachdail le seirbheisean leasaichte

bbcalba.co.uk; learnGaelic.net; filmg.co.uk; mgalba.com – managed strategically with improved services



## AMASAN OBJECTIVES

## TOROIDHEAN OUTCOMES

### SGAOILEADH & INNTRIGEADH DISTRIBUTION & ACCESS

Glèidh / leasaich àireamhan BBC ALBA air an EPG

Retain / improve BBC ALBA's EPG positions

BBC ALBA air gluasad suas EPG Sky gu àireamh 143, taobh ri taobh ri BBC ONE HD agus BBC TWO HD

BBC ALBA moved up the Sky EPG to slot 143, next to BBC ONE HD and BBC TWO HD

Leasaich meadhanan-telebhisein neo-loidhneach agus amannan roghnach

Develop non-linear on-demand and catch-up platforms

0.5 uairean a thìde a bharrachd air an iPlayer am bliadhna agus planadh an-sàs gus stuthan BBC ALBA air fad a bhith rim faotainn air an iPlayer ro dheireadh 2013

0.5 hours more on the iPlayer this year and planning underway towards making all BBC ALBA content available via iPlayer by end of 2013

### RANNSACHADH RESEARCH

Fiosrachadh nas fheàrr fhaighinn à rannsachadh luchd-amhairc

Improve quality of audience reach data

Àrdachadh brìgheil san àireamh de luchd-tillidh dàta sa phannal rannsachaidh on choimhearsnachd Ghàidhlig, gu h-àraidh am measg na h-òigridh

Significant rise achieved in the number of returners of data in the Gaelic community research panel, especially in the younger demographic

Ranasaich raointean ùidh sònraichte do ro-innleachd phrògraman BBC ALBA

Research specific areas of interest for BBC ALBA programme strategy

Pròiseactan rannsachaidh maoinichte le com-pàirtichean air tòiseachadh

Partner-funded research projects begun





## AMASAN OBJECTIVES

## TORAI DHEAN OUTCOMES

### MARGAIDHEACHD & SANASACHD MARKETING & PROMOTIONS

Ìrean àrda san t-suim a tha na meadhanan a' cur ann am prògraman BBC ALBA

High levels of media interest in BBC ALBA programming

Aithisg sgrùdaidh ràitheil air na thachair sna meadhanan a' sealltainn ìrean àrda de dh'aithrisean seaghail sna meadhanan naidheachd, ach tuilleadh shanasan a dhith air an èadhar

Quarterly media evaluation report shows high levels of positive press coverage, but more on-air promotion required



Àrdaich ainm MG ALBA mar phrìomh bhuidheann-taic do leasachadh agus adhartachadh na Gàidhlig tro na meadhanan

Build the brand of MG ALBA as a leading contributor to the development and promotion of Gaelic through media

Soirbheas ann an margaidheachd ainm MG ALBA tro na meadhanan naidheachd; làrach-lìn agus meadhanan sòisealta; FilmG; agus càirdeas a thogail leis an luchd-amhairc agus an luchd-ùidhe

Successful brand promotion via press coverage; website and social media; FilmG; and audience and stakeholder engagement



### TRÈANADH SA GHNÌOMHACHAS INDUSTRY TRAINING

Dèan cinnteach gu bheil sgeama trèanaidh le structar ann airson feumalachdan BBC ALBA an-dràsta agus san àm ri teachd

Ensure structured training regime to meet current and projected skills needs of BBC ALBA

Fios air ais bho Rìochdairean Neo-eisimeileach air beàrnan ann an sgilean agus na dh'fheumas a chur an-sàs airson trèanadh

Feedback received from Independent Producers on skills gaps and relevant training regime



Thoir comas do leasachadh tàlant agus com-pàirt sna meadhanan didseatach aig ìre sgoile agus coimhearsnachd

Enable development of talent and digital media participation at school and community level

Pròiseact soirbheachail FilmG, a thug seachad trèanadh do 25 sgoiltean agus aig ìre coimhearsnachd

Successful FilmG project provided training to 25 schools and at community level



Cuir ri adhartachadh luchd-labhairt na Gàidhlig bhon àite-ionnsachaidh chun àite-obrach

Contribute towards the progression of Gaelic-speakers from the place of learning to the workplace

Taic airson greisean-gnìomhachais an dàrna bliadhna de dhioplòma SMO

Support for 2nd year SMO Diploma work placements



## AMASAN OBJECTIVES

## TOROIDHEAN OUTCOMES

### GOIREASAN OPERATIONS

Goireasan Steòrnabhaigh air an cur gu làn fheum airson rianachd is toradh BBC ALBA agus BBC Radio nan Gàidheal

MG ALBA Stornoway facilities fully utilised for BBC ALBA and BBC Radio nan Gàidheal media management and output

Pròiseact co-shuidheachaidh a' BhBC le MG ALBA air tòiseachadh

Project to co-locate the BBC and MG ALBA has begun



Goireas MG ALBA/SMO san Eilean Sgitheanach air a chur gu feum gu cunbhalach airson trèanadh agus riochdachadh nam meadhanan Gàidhlig

MG ALBA/SMO facility in Skye utilised regularly for Gaelic media training and production of Gaelic media

Uairean cleachdaidh air an àrdachadh 120 uair a thìde

Utilisation increased by 120 hours



Amaladh soirbheachail eadar am BBC agus MG ALBA aig oifisean agus stiùidiothan MG ALBA

Successful integration of BBC with MG ALBA at MG ALBA offices and studios

Am pròiseact ath-shuidheachaidh taobh a-staigh a' bhuidseit, a' tòiseachadh san t-Sultain 2013 agus a' crìochnachadh mun t-Samhain 2013

Co-location project within budget and will commence in September 2013 and will be completed by November 2013



### CRUTHACHADH LUACH SÒISEALTAIS CREATING SOCIETAL VALUE

Faigh 3% sàbhaidhean an cò-rèir ri targaid èifeachdais na roinne poblaich aig Riaghaltas na h-Alba

Achieve 3% efficiencies, in line with Scottish Government's public sector efficiency target

Sàbhaladh de 4% air a choileanadh

4% efficiency achieved



Cumail ri poileasaidh agus cur an sàs pròiseact Uallach Chorporra agus Sòisealta gus co-obrachadh leis, agus/no obraichean a thoirt don choimhearsnachd

Comply with policy and execute a Corporate Social Responsibility project enabling inclusion and/or employability in the community

Pròiseact DVD le carthannas ionadail dèante agus litir taing agus misneachd air fhaighinn

DVD project with local charity completed and encouraging letter of thanks and appreciation received



Cleachdadh nan goireasan a th' air an ùr-leasachadh agus an suidheachadh ùr co-obrachaidh eadar MG ALBA agus am BBC gus maith na coimhearsnachd ann an dòighean foghlaim, cànan agus sòisealta

Using the newly developed facilities and co-location of the BBC with MG ALBA to develop MG ALBA interface with the community with resultant educational, linguistic and social benefits

Chan eil na goireasan ùra ullamh

New facilities not yet completed

4 greisean-gnìomhachais samhraidh, dòighean ùra ann a bhith a' dèiligeadh ri greisean-gnìomhachais

4 summer placements, new work experience arrangements





# LÈIRMHEAS AIR PRÒGRAMAN NA BLIADHNA

## CONTENT REVIEW OF THE YEAR





**THA MG ALBA A' CUR FÀILTE AIR AN  
T-SAOGHAL DHIDSEATACH LE MISNEACHD  
AGUS SPIONNADH AGUS A' DÈANAMH  
CINNTEACH GUN TIG LEASACHADH AIR AR  
RO-INNLEACHD DHIDSEATACH GU MAITH  
AN LUCHD-AMHAIRC**

---

**MG ALBA IS EMBRACING THE DIGITAL  
WORLD WITH CONFIDENCE AND ENERGY,  
DEVELOPING OUR DIGITAL STRATEGY TO  
ENHANCE THE VIEWING EXPERIENCE**





## LUCHD-AMHAIRC

B' e 2012-13 a' bhliadhna a b' fheàrr fhathast airson BBC ALBA, le na h-àireamhan a b' àirde a-riamh de luchd-amhairc. Dh'fhàs ruigse seachdaineach am measg sluagh na h-Alba bho 10.6% (436,000) gu 15.6% (637,000). Bha ùidh nan coimhearsnachdan far an robh Gàidhlig ga bruidhinn cuideachd a' fàs agus b' e an ruigsinneachd cuibheasach de 79% ann an Cairteal 4 an àireamh a b' àirde bho thòisich an t-seanail a' craoladh ann an 2008.

Tha na naidheachdan fhathast nan tarraing mhòr dha ar luchd-amhairc mar a bha **Cèilidh na Bliadhna Ùire** (BBC) agus prògraman bhon **Mhòd Nàiseanta Rìoghail** (BBC). Am measg na feadhna nach eil a' bruidhinn Gàidhlig, b' e prògraman spòrs, ciùil agus aithris a bha a' còrdadh riutha.

Bha bliadhna cho math 's a bh' ann a-riamh cuideachd ann airson iarrtasan phrògraman air an iPlayer, le 4.1 millean seallaidhean de phrògraman BBC ALBA, cha mhòr a' dùblachadh bho àireamhan 2011-12. Dh'atharraich an dòigh san robh daoine a' coimhead nam prògraman cuideachd air a' bhliadhna, le barrachd dhaoine gu h-àraidh am measg na h-òigridh a' cleachdadh iPads agus an leithid, seach an coimpiutair, gus prògraman BBC ALBA fhaicinn air an iPlayer.

## AUDIENCES

2012-13 was the best ever year for audiences for BBC ALBA. Weekly reach Scotland-wide grew from 10.6% (436,000) to 15.6% (637,000). Interest in Gaelic-speaking communities also grew and the average reach of 79% in Quarter 4 was the highest recorded reach since the launch of the channel in 2008.

News remains a core attraction for Gaelic audiences and our live **Hogmanay Show** (BBC) and live **Mod** (BBC) coverage were very popular with the core Gaelic audiences. Sport, music and factual programming remain the three genres most favoured by non-Gaelic speakers.

This was also a record year for iPlayer viewing of BBC ALBA content with 4.1 million views of our programming, almost double the amount of viewing received in 2011-12. This year also saw a significant shift from traditional PCs to mobile devices as a popular way to access iPlayer content, especially for younger audiences.



1. Trusadh: Sealladh bhon Chaladh
2. Fiona NicChoinnich a' comharrachadh BBC ALBA a' gluasad suas EPG Sky sa Mhàrt 2013
3. A' Iorg gaol ann an Lisdoonvarna
4. Caileagan an Iasgaich: Trawler Girls
5. Lorgan Linda | Linda's Story
6. Dòmhnall MacSuain & "Bud" – Sgoil nan Cuileanan | Puppy School
7. Seo am Plèana | Island Flying



THE HOGMANAY CÈILIDH FROM ACHNAGAIRN HOUSE WAS SIMPLY THE BEST ON THE BOX BY A MILE!

## PRÒGRAMAN AITHRISÈACH


Ann an **Lorgan Linda** (*mactv*), fhuair e sùil chàirdeil ach fhìrinneach air buaidh call teaghlaich, nuair a shiubhail pàrantan Linda Norgrove, a bha ag obair do bhuidhinn cobhair nuair a chaidh a toirt am bruid le reubaltaich Afganach, chun na dùthcha, a' toirt cothrom dha camarathan sealladh fhaighinn a-steach dhan t-saoghal atharraichte aca, an dà chuid aig an taigh ann an Leòdhas agus tron turas aca gu Afganastan far an do bhàsaich Linda nuair a dh'fhàillig oidhirp air a sàbhaladh ann an 2010. Bhruidhinn iad mun bhuaidh a thug bàs Linda orra agus na h-oidhirpean aca a h-obair a chumail a' dol.

Tha daoine bho Alba agus bho air feadh an t-saoghail aig cridhe clàr BBC ALBA, anns na sreathan **Trusadh** agus **Soillse**. Ann an **Trusadh** (*mactv*) bha measgachadh de chuspairean, nam measg feadhainn a thàinig tro aillse bhroillich, atharrachadh ann an dualchas mara a' Chosta an Iar le barrachd bhoireannaich a-nis a' faighinn obraichean aig muir agus sgeulachd mun ghàirdeachas a thathar a' dèanamh ri ceòl a' bhogsa ann an Tìriodh.

## FACTUAL

The personal cost of major international events was the subject of a moving documentary at the centre of BBC ALBA's Autumn offering. In **Lorgan Linda** (*mactv*), the parents of Linda Norgrove, the aid-worker kidnapped in Afghanistan who subsequently lost her life following a failed rescue attempt, travelled from their home on the Isle of Lewis to Afghanistan, meeting her friends and seeing the work in which she was involved. They spoke frankly about the impact of their daughter's death on their lives and the efforts to continue her legacy.

Real people and their lives both in Scotland and the rest of the world provide a central feature of the ALBA schedule through the **Trusadh** and **Soillse** strands. The **Trusadh** (*mactv*) documentary series featured a variety of subjects including the deeply personal stories of breast cancer survivors, the changing face of West Coast maritime heritage as more women take up careers at sea, and the talent and passion of tutors and pupils alike for accordion music on the island of Tiree.





Ann an **Soillse** (*mactv*), an sreath a bhios a' toirt thugainn sgeulachdan bho air feadh an t-saoghail, chunnacas daoine òga a' dèanamh deiseil airson seirbheis airm san Ear Mheadhanach, na cothroman agus na dùbhlain mu choinneamh luchd-cluiche amaitearach ball-coise ann an Ameireaga a Deas agus sgeulachd champaichean Gulag an Ruis far an deach, fo riaghladh Stalin, na ceudan de mhiltean de chloinn am breith no an cur ann an Gulag.

Ann an a' phrògram **An Drochaid** (*Media Coop*), chunnacas an strì agus an iomairt a rinn iadsan a bha an-sàs gus stad a chuir air cisean drochaid an Eilean Sgitheanaich. Ann an **Stalag gu Gulag** (*BBC*), tha sinn a' dol air ais ann an ùine gus sgeulachd prìosanach cogaidh a chur ri chèile, 's a theaghlach a' feuchainn ri fuasgladh fhaighinn air na ceistean a th' orra.

Tha tòrr de sgeulachdan aithriseach BBC ALBA a' buntainn ri Alba. Air a' bhliadhna seo, chraol sinn prògram mun t-seinneadair **Barbara Dickson** (*Bees Nees Media*); **Please, Mister – Sgeulachd Tony Miller** (*Sorbier Productions*), an deugair mu dheireadh a chaidh a chrochadh ann an Alba; **An Innocent Man: Sgeulachd Oscar Slater** (*STV*) far a bheil ceist ann an deach an duine ceàrr dhan phrìosan airson ochd bliadhna deug; sùil air na dannsairean Albannach **Na Rockettes** (*Purple TV*) agus chaidh sinn air splaoid a dh'Èirinn gu **Lisdoonvarna – When love comes to town** (*Demus – HG Productions*) air tòir na fèis 'matchmaking' as motha san Roinn Eòrpa gus feuchainn ri gaol a lorg do dhithis nighinn òga Ghàidhealach.

Lean **Caileagan an Iasgaich** (*CaledoniaTV*) trìuir chaileagan a chuir seachad deich là air bòrd tràlair iasgaich. A' fuireach le iasgach, thug sinn sùil air iasgach a' bhradain ann an **Turas a' Bhradain** (*STV*), agus thug sinn thugaibh cuideachd sreathan mu eich-obrach agus sgoil airson cuileanan a thrèanadh.

Programmes featured in the documentary series **Soillse** (*mactv*) included young people preparing for military service in the Middle East, the opportunities and challenges facing talented amateur football players in South America and the legacy inherited by the children of people from the Soviet Union exiled to the Gulag.

The documentary **An Drochaid** (*Media Coop*) used news archive footage and interviews with the main players to examine the campaign which succeeded in removing the controversial toll regime on the Skye Bridge. **Stalag gu Gulag** (*BBC*) retraced the steps of a prisoner of war and became a voyage of discovery for close members of his family.

Many of the BBC ALBA factual and factual entertainment programmes have popular resonance throughout Scotland. This year we have broadcast a profile of singer **Barbara Dickson** (*Bees Nees Media*); an investigation of the story of **Please, Mister – Sgeulachd Tony Miller** (*Sorbier Productions*), the last teenager hanged in Scotland; a review of the miscarriage of justice in **An Innocent Man: Sgeulachd Oscar Slater** (*STV*); a profile of **Na Rockettes** (*Purple TV*), one of Scotland's most glamorous dancing companies and a visit to **Lisdoonvarna – When love comes to town** (*Demus – HG Productions*) in Ireland to discover the secrets of traditional match-making.

**Caileagan an Iasgaich** (*CaledoniaTV*) illustrated the realities of life aboard a North Sea trawler as three women took their place amongst the crew for a 10-day trip to sea. Salmon-fishing was the focus of our third season of **Turas a' Bhradain** (*STV*) and other outdoor factual series focused on working horses and a school for training puppies.



1. An Drochaid | The Bridge Rising
2. Fuine | Home Baking
3. Barbara Dickson le Billy Connolly
4. Ross King air Cuide ri Cathy
5. Soillse – sreath aithriseach eadar-nàiseanta
6. Preseantairean FilmG – Laura McMonagle & Jayd Johnson



TRUSADH WAS AN OUTSTANDING PORTRAYAL OF A DELICATE SUBJECT. WELL HANDLED IN A SYMPATHETIC WAY.







”  
BHA NA TRADS MATH  
DHA-RÌRIBH, 'S E CHO  
TLACHDMHOR FHAICINN  
BEÒ AIR AN TBH!



1. Discopolis air sreath-chiùil 'Rapa!'
2. Niall Iain Dòmhnallach le Nina Nesbitt aig Fèis Bhealladrum
3. Muireann NicAmhlaoibh & Julie Fowlis air Dà-fhillte
4. Emma NicAonghais le John Wean air 'Rapa!'
5. Trusadh: Buaidh Thiriodh – Beò air a' Bhogsa | Tìree – Outside the Box
6. Admiral Fallow – Fèis Cheilteach Innse Gall 2012
7. Buskers



## CEÒL

Tha prògraman ciùil a' còrdadh gu mòr ri luchd-amhairc BBC ALBA, le measgachadh gu leòr ann airson gach duine. Tha **Celtic Connections** (*Bees Nees Media*) fhathast a' biathadh sàr phrògraman thugainn agus chaidh cuirm shònraichte a chumail mar chomharra air Sabhal Mòr Ostaig a bhith air 40 bliadhna a ruighinn. Chaidh sinn cuideachd gu Chicago far an deach tàlant Albannach agus Gàidhlig a shealltainn do mhuintir an Windy City.

Tha fèisean ciùil a-nis nam pàirt bhunaiteach de chlàr BBC ALBA tron t-samhradh. Aig fèis **Bhelladrum** (*BBC*), thug sinn dà oidhche de cheòl thugaibh beò bho chridhe na Gàidhealtachd le The Wombats, The South agus Travis. Ann am **Fèis Cheilteach Innse Gall** (*HCF Productions*), fhuair sinn dà oidhche de cheòl bho Cassidy agus Na Proclaimers agus buidhnean ciùil eile. Fhuair sinn sealladh de fhear de na prìomh fhèisean ciùil Gàidhealach le **Blas** (*Bees Nees Media*), far an tug an luchd-ciùil thugainn seinn gu leòr airson luchd-coimhid BBC ALBA.

San Dùbhlachd, bha sinn air leth toilichte **Duaisean Na Trads MG ALBA** (*Bees Nees Media*) a thoirt thugaibh beò bhon Ghearasdan.

Ann a bhith a' toirt ceòl chun luchd-amhairc, bidh sinn a' feuchainn ri aodainn ùra a thoirt thugaibh no a bhith a' toirt thugaibh nan seann eòlaichean le tionndadh ùr. Bha an sreath ùr **Dà-Fhillte** (*Bees Nees Media*) a' comharrachadh cheanglaichean ciùil eadar Alba agus Èirinn le sàr luchd-ciùil agus seinneadairean bhon dà dhùthaich. Gar cur ann an deagh shunnd airson na Nollaig, rinn **Ceòl Dannsa** (*Bees Nees Media*) meas air còmhlain dannsa Albannach.

Le iomadh seòrsa blas ciùil aig ar luchd-amhairc, tha BBC ALBA a' feuchainn ri rudan a chur dhan chlàr a chòrdas ri gach neach. Airson luchd-leantainn ceòl dùthchasach, thug sinn **Ceòl Country** (*mneTV*) thugaibh, bho Fhèis Ceòl Dùthchail Ghallaibh. Ann a bhith a' feuchainn ri ceòl ùr roc agus pop a bhrosnachadh ann an Alba, fhuair 18 còmhlain ùra, leithid, The Holy Ghosts agus John Wean, cothrom an tàlant a shealltainn nuair a chaidh **Rapal** (*BBC*) aig Radio nan Gàidheal a chlàradh airson an telebhisein ann an stiùidio PQ aig a' BhBC.

## MUSIC

Music is a top-performing genre for BBC ALBA and one which finds a natural home in the schedule for a wide variety of tastes and styles. **Celtic Connections** (*Bees Nees Media*) is a regular source of excellent programming and this year featured a special concert to mark the 40th anniversary of the Gaelic college, Sabhal Mòr Ostaig. We also went stateside to Chicago as the festival exported top Scottish and Gaelic talent to packed audiences in the Windy City.

Broadcasts of music festivals are now an established part of the BBC ALBA summer. In **Belladrum** (*BBC*), we featured two nights of live music from one of Scotland's top boutique festivals in the heart of the Highlands, featuring The Wombats, The South and Travis. In **Hebridean Celtic Festival** (*HCF Productions*) we had two nights live from Stornoway featuring Cassidy and The Proclaimers and an array of different musical talent. In **Blas** (*Bees Nees Media*) we broadcast a new series that gave an insight into this premier Highland music festival and brought performers from the festival together to recreate their festival sets for the BBC ALBA audience.

In December, our annual coverage of traditional music moved up a gear with the first live broadcast from the **MG ALBA Scottish Traditional Music Awards** (*Bees Nees Media*) from Fort William.

Our musical output seeks out innovative combinations of artists or tries to throw new light on well-kent genres. **Dà-Fhillte** (*Bees Nees Media*) was a new series that celebrated the musical links between Gaelic Scotland and Ireland with top musicians and singers from both countries. **Ceòl Dannsa** (*Bees Nees Media*) was a celebration of Scottish dance bands and created a warm glow in the Festive schedule.

BBC ALBA has broad music taste. **Ceòl Country** (*mneTV*) is a regular favourite for country music fans and this year's Caithness Northern Nashville Festival was another resounding success. We also encourage the emergence of new pop and rock music in Scotland. Eighteen up-and-coming bands such as The Holy Ghosts and John Wean showcased their talents in a studio at BBC PQ as the established Radio nan Gàidheal **Rapal** (*BBC*) brand returned to television.





## SPÒRS

B' e bliadhna eachdraidheil a bh' ann airson ball-coise ann an Alba. Bha sgioba ball-coise Rangers, a bhuannaich an SPL bho chionn bliadhna no dhà, air an ìsleachadh gu roinn a trì san SFL. Chaidh a' chiad gheama san robh iad an-sàs san SFL a-mach beò air BBC ALBA mar phàirt de na geamannan bho Chupa Dùbhlann na h-Alba, **Cupa Ramsdens** (*mneTV*) agus le Pàirce Glebe loma-làn, bhuannaich Rangers an aghaidh Brechin City. Thug BBC ALBA thugaibh cuideachd **Ball-coise Eadar-nàiseanta nam Ban** (*mneTV*) le Alba an aghaidh na Frainge. Chunnaic sinn cuideachd Alba a' faighinn troimhe gu geama 'playoff' ann an Euro 2013 an aghaidh an Spàinn ach gu mì-fhortanach chaidh an geama a chall sa mhionaid mu dheireadh de thìde a bharrachd.

Bha geamannan gu leòr air BBC ALBA gus luchd-leantainn **Rugbaidh Beò** (*mneTV*) a chumail air bhioran. Fhuair Glaschu troimhe gu ìre 'play-off' san Iar Chuairt Dheireannach sa Chèitean 2012, leis an ìre de chluich seo a' leantainn ann an 2012-13 's iad gu cunbhalach a' nochdadh sa chiad cheithir tron t-seusan. Fhuair luchd-leantainn **Camanachd Bheò** (*Norman Strachan Productions*) an leòr cuideachd le barrachd gheamannan beò na bha a-riamh rim faicinn air an t-seanail, nam measg dà 'derby' bhon lìog agus an dà iar chuairt dheireannach bho Chupa na Camanachd.

## NAIDHEACHDAN AGUS CÙISEAN LÀITHEIL

Ann am bliadhna làn thachartasan mòra agus subhachas, thug sgioba-naidheachd **An Là** (*BBC*) thugaibh farsaingeachd de sgeulachdan ionadail agus nàiseanta, nam measg Na Geamannan Oilimpigeach à Lunnainn, na thachair san Ròimh leis a' Phàpa a leig seachad a dhreuchd agus am fear a ghabh an dreuchd os làimh. Ach bha cuideachd gnòthaichean a bha na b' fhaisg air luchd-amhairc na Gàidhlig. Thug sinn thugaibh fiosrachadh brìgheil mun sgoil Ghàidhlig ùr ann an Dùn Èideann, trioblaid prìs a' chonnaidh sna h-Eileanan Siar, an iomairt airson sàbhailteachd rathaid san Eilean Sgitheanach agus na h-iomairtean airson nam blàr airson lùth ath-nuadhachail an Earra-Ghàidheal. Sa bhliadhna a dh'fhalbh, chuir luchd-amhairc fàilte air dà aodann ùr le Màiri Rodgers agus Iain MacAonghais rim faicinn air an sgrion.

## SPORT

This was an historic year in Scottish football. Rangers FC, recent champions of the SPL, found themselves in the 3rd Division of the SFL. Their very first match as an SFL member was broadcast live by BBC ALBA as part of our longstanding coverage of the SFL Challenge Cup, **The Ramsden's Cup** (*mneTV*). In a tense match, Rangers got off to a winning start in their lower league existence, edging out Brechin City in front of a capacity crowd at Glebe Park. **Women's International Football** (*mneTV*), Scotland v France, was also carried on BBC ALBA and we saw Scotland qualify for a Euro 2013 play-off place against Spain – a game Scotland unfortunately lost with a goal against us in the final minute of extra time.

In **Live Rugby** (*mneTV*) too, BBC ALBA was the focus for compelling action. Glasgow were play-off semi-finalists in May 2012 and this form continued throughout 2012-13 with a regular top-four placing all season. **Camanachd Bheò** (*Norman Strachan Productions*) provided shinty fans with more live matches than ever before, including two league derbies and the two Camanachd Cup semi-finals.

## NEWS AND CURRENT AFFAIRS

In a year punctuated by major events and celebrations the **An Là** (*BBC*) news team offered a breadth of coverage encompassing the local and the national. Highlights in the past 12 months included special coverage from London of the Olympic Games, and distinctive coverage from Rome of the Papal resignation and re-selection. There were many issues that were more specific to the Gaelic audience. We gave significant coverage to the issues such as the new Gaelic School in Edinburgh, the row over Western Isles fuel pricing, road safety campaigning in Skye and renewable energy battles in Argyll. In the past year, two new presenters – Mairi Rodgers and Iain Macinnes – have been introduced to the 'An Là' audience.



1. Kathleen NicAonghais & Julie Fowlis – Celtic Chicago
2. Trusadh: Hiort & Clann nighean nan Curach
3. Neil Doncaster & Derek Adams a' cur slàinte air ball-coise air BBC ALBA
4. Calum & Rory Dòmhnallach – The Band from Rockall
5. Neach-libhrigidh BBC ALBA, Cathy 'Bhàn' Dhòmhnallach
6. Trusadh: Là an Dalai



1



2

“

THA AN LÀ NA SHÀR-EISIMPLEIR  
DE PHRÒGRAM NAIDHEACHD:  
LE CUSPAIREAN NÀISEANTA,  
EADAR-NÀISEANTA AGUS  
IONADAIL

AN LÀ EXCELS AS A NEWS  
PROGRAMME: COVERING  
NATIONAL, INTERNATIONAL  
AND LOCAL ISSUES



3



4



5



6





1. Will MacIlleathain – Gaisgich an Fhearainn
2. Buskers
3. Tony Kearney a' toirt taic do FilmG
4. Eilidh Daniels – tàlant ùr air BBC ALBA
5. Na Rockettes



1 2



3 4



5

Ann a bhith a' comharrachadh 20 bliadhna air an èadhar, chùm **Eòrpa** (BBC) ris an fhoirmle shoirbheachail aca, a bhith a' toirt thugaibh sgeulachdan ùra bho air feadh na Roinn Eòrpa agus gan toirt thugaibh le sealladh eadar-dhealaichte air cùisean.

An dèidh tadhal air an eilean Nirribheach, Utoya far an do choinnich iad ri feadhainn a thàrr air falbh bhon fhear a mharbh mòran le gunna, rinn **Eòrpa** sgrùdadh air a' bhuaidh phearsanta agus phoiliteigeach a bha aig na nithean sin – gu h-àraidh air a' ghinealach a b' òige; bha eagran sònraichte den phrògram a' toirt sùil air a' cheangal eadar an Fhraing agus a coimhearsnachd Mhuslamach agus, na b' fhaisge air an taigh bhathar a' faighneachd carson a bha cho beag de bhoireannaich a' seasamh sna taghaidhean ionadail agus nàiseanta sna h-Eileanan Siar.

Bha cuspairean Eòrpach eile a' gabhail a-steach ath-bheothachadh na coimhearsnachd Phòlanach lùbhach, eucoir air an eadar-lìon ann an Romàinia agus prògram leth-uair sònraichte mu Islamophobia san Fhraing. Bidh aithisgean Albannach cudromach cuideachd a' nochdadh leithid an aithris air mar a dhiùlt muinntir Uibhist a Tuath roghnachadh am fearann fhaighinn dhaibh fèin – ao-coltach ri ceàrnaidh sam bith eile, agus aithisg mu na h-uallachaidhean mun bhuaidh a bhiodh aig atharrachadh ann an EU-CAP air croitearan agus tuathanaich.

B' e seo an 20mh sreath de **Eòrpa** agus thàinig e gu ceann le prògram sònraichte a mhair uair a thìde a bha a' coimhead air ais air cuid de na sgeulachdan agus na daoine a bha air na prògraman a chunnacas sìos tro na bliadhnaichean.

## CLANN

B' e bliadhna air leth a bh' ann, le prògraman ùra, prògraman stèidhichte agus nuadh-phrògraman. Bidh clann gu math tric a' sealltainn dhuinn mar a tha cùisean a' gluasad agus ag atharrachadh ann an saoghal nam prògraman agus teicneòlas. Le bliadhna cho math 's a bh' ann a-riamh airson iarrtasan phrògraman BBC ALBA air an iPlayer, tha mar a tha clann a' coimhead na seanail, gu h-àraidh air innealan leithid fònaichean-làimhe, aig cridhe an fhàis sin.

**Eòrpa** (BBC), celebrating 20 years on-air, continued its track record of bringing new European stories to the audience, as well as offering them a different perspective on events.

Visiting the Norwegian island of Utoya and meeting survivors of the shootings, **Eòrpa** explored the personal and political legacy of those events, particularly amongst the younger generation; a special edition of the programme examined the relationship between France and its Muslim community and, closer to home, questioned why so few women stand in local and national elections for the Western Isles.

Other European topics included the revival of the Polish Jewish Community, internet crime based in Romania and a half-hour special on Islamophobia in France. Strong Scottish reports also remain a priority including pieces on North Uist's almost unique refusal to go for community land ownership and a report on concerns over the impact of EU-CAP reforms on crofters and farmers.

This was the 20th series of **Eòrpa** and it finished with an acclaimed hour-long special looking back on stories and personalities of the last two decades.

## CHILDREN

It was another exciting year with new and established brands and strong originations. The children's audience is often an audience which points up new trends in programming and technology. This has been a record-breaking year for BBC ALBA on the iPlayer and children's viewing, especially on mobile devices, has been a significant part of that growth.





## 'S ANN TRO IOMAIRTEAN LEITHID FILMG A THA AN ATH GHINEALACH DE THÀLANT A' TIGHINN GU BITH AGUS THA E NA THLACHD A BHITH A' FAICINN DHAOINE ÒGA A' CLEACHDADH AGUS AG INNSE AN SGEULACHDAN TRON GHÀIDHLIG AGUS TRON CUID FHILMEADAIREACHD



Chòrd prògraman leithid **Am Prionnsa Beag [The Little Prince]** (Solus Productions), **Peppa** (Solus Productions), **Saidheans Spòrsail** (BBC) agus **Leum Suas air an Sguaib [Room on the Broom]** (Obh Obh Productions) ri ar luchd-amhairc òga. Chomharraich **Dè a-nis?** (BBC) 20 bliadhna air an èadhar agus thug an treas sreath den fharpais-cheist sgoile **Gleusta** (Sealladh) cothrom do chloinn na sgilean aca a chuir gu feum gus dùbhlain a ghabhail os làimh agus eòlas a chuir air àrainneachd stiùidio telebhisein.

Popular programmes included **Am Prionnsa Beag [The Little Prince]** (Solus Productions), **Peppa** (Solus Productions), **Saidheans Spòrsail** (BBC) and **Leum Suas air an Sguaib [Room on the Broom]** (Obh Obh Productions). **Dè a-nis?** (BBC) celebrated its 20th year on air and the third series of the schools quiz **Gleusta** (Sealladh) gave children the opportunity to undertake challenges which tested various skills and also to experience a television studio environment.



”  
NO OTHER CHANNEL PROVIDES US WITH SO MUCH KNOWLEDGE. THIS CHANNEL, ALONE, IS VALUE FOR THE YEARLY SUBSCRIPTION



1. Tè Bheag a' Ghruffalo | The Gruffalo's Child
2. Tony Kearney le Derek Mac an Tòisich & Am Prionnsa Beag
3. Uachdaran Bheàrnaraigh: A Profile of Robin de la Lanne Mirrlees
4. An Dr Alasdair Ailean BPA le buanaichean FilmG 2013
5. Preasantairean Eòrpa: Anne Lundon & Darren Laing
6. Promo foghair BBC ALBA



## IT IS THROUGH INITIATIVES LIKE FILMG THAT THE NEXT GENERATION OF TALENT WILL COME TO THE FORE AND IT IS HEARTENING TO SEE YOUNG PEOPLE USING THE MEDIUM OF GAELIC TO TELL THEIR STORIES THROUGH FILMMAKING

### IONNSACHADH GÀIDHLIG

Tha na goireasan a tha rim faighinn air an làrach-lìn LearnGaelic.net, a tha air a ruith ann an com-pàirteachas le buidhnean leithid Clì Gàidhlig, Bòrd na Gàidhlig agus colaistean agus oìlthighean Albannach, a' sìor fhàs. Tha an làrach uile-chuspaireach seo ag amas orrasan aig a bheil ùidh sa chànan.

### FILMG

Bho thòisich FilmG o chionn còig bliadhna, tha e air tàlant air leth a lorg agus a leasachadh agus chaidh ainmeachadh mar an Tachartas Cultarach as Fheàrr 2012 aig Duaisean Tachartasan na h-Alba.

B' e cuspair na bliadhna seo 'Acras/Miann' agus thàinig 62 film a-steach uile gu lèir, nam measg, 42 film bhon òigridh bho air feadh Alba. Bha 25 sgoiltean an sàs am-bliadhna, le Acadamaidh Alanais agus Àrd-sgoil Dhùn Omhain a' cur a-steach filmichean airson a' chiad uair.

Bha na brìtheamhan air am brosnachadh an dèidh co-fharpais shoirbheachail eile agus an tàlant cruthachail agus proifeiseanta a thàinig am bàrr.

### RÈIDIO

Bha na sochairean cruthachail agus na buannachdan do luchd-amais is urrainn a thighinn bho bhith ag obair ann an com-pàirteachas follaiseach san dràma dheugairean **Samhraidhean Diomhair** (BBC) airson Radio nan Gàidheal. Thug seo cothrom cuideachd na goireasan Fàs aig MG ALBA aig Sabhal Mòr Ostaig san Eilean Sgitheanach a chur gu feum. A-nis, tha **Breab do Rapal** (BBC), prògram seachdaineach dà uair-a-thìde air a libhrigeadh le tàlant ùr, òg, a' tighinn beò bho Fàs.

### GAELIC LEARNING

The resources available via the LearnGaelic.net website, run in partnership with organisations such as Clì Gàidhlig, Bòrd na Gàidhlig and Scottish colleges and universities, continue to expand. The website aims to offer a one-stop shop for those interested in the language.

### FILMG

FilmG has unearthed a wealth of creative talent since it was established five years ago, and was named Best Cultural Event at the 2012 Scottish Event Awards.

This year's competition theme was 'Hunger/Desire' and this inspired a total of 62 films, 42 of which were submitted by school pupils from across Scotland. Amongst the 25 schools that took part this year were two new-comers to the competition, Alness Academy and Dunoon Grammar School.

FilmG judges were once again encouraged by the level of creativity and professionalism amongst all the film-makers.

### RADIO

The creative and audience benefits which can flow from partnership working were in evidence in the commissioning of a one-off youth drama **Samhraidhean Diomhair** (BBC) for Radio nan Gàidheal and the opportunity to develop the presence of youth programming from MG ALBA's Fàs premises at Sabhal Mòr Ostaig in Skye. This location is now home to the weekly two-hour live music show **Breab do Rapal** (BBC), co-presented by up-and-coming young talent.





# AITHRIS RIAGHLAIDH

## GOVERNANCE STATEMENT

### RAON-ÙGH DARRAIS MG ALBA

Chaidh MG ALBA a stèidheachadh (fon ainm Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig) fo ullachadh Achd Conaltraidh 2003, Earrannan 208-210, gus dèanamh cinnteach gum bi raon farsaing agus measgaichte de dheagh phrògraman Gàidhlig air an lìbhrigeadh tro chraoladh no eile gu sluagh na h-Alba.

Tha ùghdarras air a thoirt do MG ALBA airson prògraman a dhèanamh agus ceadan craolaidh a chumail a bharrachd air an fheadhainn air an liostadh gu sònraichte ann an Earrann 208 (4B) de Achd Conaltraidh 2003. Tha MG ALBA air cumhachdan agus dleasan maoin eachaidh a ghabhail a thaobh maoin eachaidh phrògraman Gàidhlig, trèanadh, rannsachadh agus obair co-cheangailte fo Earrannan 183 agus 184 de Achd Craolaidh 1990, Earrannan 32 agus 95 de Achd Craolaidh 1996 agus Pàipearan-taic co-cheangailte riutha.

Tha e cudromach do MG ALBA gu bheil ìrean àrda de riaghladh corporra agus dòighean-giùlain beusail aig a' bhuidhinn. Cho fad 's a tha e freagarrach do shuidheachadh MG ALBA, tha am Bòrd ag amas air a bhith a rèir nan ullachaidhean iomchaidh de Chòda Riaghlaidh Chorporra na RA a bhios air fhoillseachadh bho àm gu àm leis a' Chomhairle Aithris Ionmhasail.

Tha an t-uallach iomlan air a' Bhòrd airson dèanamh cinnteach gun cùm MG ALBA suas siostam in-smachd a bhios a' lùghdachadh chunnartan agus a' dìon so-mhaoin agus ùidhean MG ALBA, agus a bheir don Bhòrd barantas reusanta gum faod earbsa a bhith aca san fhiosrachadh ionmhasail a thèid a chleachdadh a-staigh agus fhoillseachadh a-muigh.

Ged nach urrainn do shiostam in-smachd sam bith làn bharantas a thoirt an aghaidh mì-aithris, call no mì-riaghladh a thaobh so-mhaoin MG ALBA, tha na siostaman a tha an sàs dealbhte airson comharrachadh do na buill cùisean air am feumar sùil a thoirt ann an deagh àm gus an tèid beachdachadh orra agus dèiligeadh riutha gu h-iomchaidh.

Tha buill a' Bhùird gan cur an dreuchd a rèir moladh Ofcom agus le aonta Mhinistearan Riaghaltas na h-Alba agus na

### CORPORATE GOVERNANCE

MG ALBA was established (as Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig or Gaelic Media Service) under the provisions of the Communications Act 2003, Sections 208-210, to ensure that a wide and diverse range of high-quality programmes in Gaelic is broadcast or otherwise transmitted so as to be available to persons in Scotland.

MG ALBA is empowered to make programmes and can hold broadcast licences other than those specifically listed in Section 208 (4B) of the Communications Act 2003. It has subsumed funding powers and responsibilities in relation to financing of Gaelic programmes, training, research and related activities under Sections 183 and 184 of the Broadcasting Act 1990, Sections 32 and 95 of the Broadcasting Act 1996 and related Schedules.

MG ALBA is committed to high standards of corporate governance and ethical behaviour. As far as is appropriate to the circumstances of MG ALBA, the Board seeks to comply with relevant provisions of the UK Corporate Governance Code issued from time to time by the Financial Reporting Council.

The Board has overall responsibility for ensuring that MG ALBA maintains a system of internal controls that minimise risk, safeguard MG ALBA's assets and interests, and provide the Board with reasonable assurance of the reliability of the financial information used internally and for external publication.

Although no system of internal controls can provide absolute assurance against material misstatement, loss or mismanagement of MG ALBA's assets, the systems in place are designed to identify matters to the members that require attention on a timely basis so that they may be considered and dealt with appropriately.

The composition of the Board is determined by Ofcom with the approval of the Scottish Government and UK Ministers.



RA. Tha suas ri 12 ball air a' Bhòrd, a' gabhail a-steach an Cathraiche. Bidh gach ball san dreuchd airson suas ri ceithir bliadhna. Feumaidh buill ainmichte le Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean, am BBC agus Bòrd na Gàidhlig a bhith am measg nam ball. Feumaidh Ofcom dèanamh cinnteach, cho fad 's as urrainn dhaibh, gu bheil ùidhean a' ghnìomhachais riochdachaidh neo-eisimeilich air an riochdachadh mar bu chòir tro bhallrachd MG ALBA.

Tha am Bòrd air dà chomataidh a stèidheachadh gus taic a thoirt dhaibh ann a bhith a' lìbhrigeadh an cuid dhleastanasan. Tha Comataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh a' comhairleachadh a' Bhùird a thaobh a bhith a' làimhseachadh chunnartan agus siostaman in-smachd. Tha e cuideachd a' coimhead ri cuisean pàighidh an luchd-obrach. Tha Comataidh Inbhean a' comhairleachadh a' Bhùird mu na prògraman a tha air an craoladh le BBC ALBA, agus mu thrèanadh agus rannsachadh. Bho àm gu àm bidh am Bòrd agus na comataidhean a' sgrùdadh agus ag ùrachadh phoileasaidhean agus phàipearan corporra, a tha rim faighinn aig [www.mgalba.com](http://www.mgalba.com).

Tha am Bòrd a' cur an dreuchd Àrd-Oifigear, a tha na Oifigear Cunntachail, le ullachaidhean dèanamh cinnteach gu bheil iomchaidheachd, riaghailteachd agus luach-an-airgid air caiteachas MG ALBA. Tha an Cathraiche a' coinneachadh gu cunbhalach ris an Àrd-Oifigear a tha an sàs bho là gu là anns gach roinn de dh'obair MG ALBA.

Gach trì mìosan, tha na Cinn Roinnean a' coimhead gu mionaideach air aithisgean ràitheil air gach roinn de dh'obair na buidhne. Thèid pasgain de dh'aithisgean ràitheil a chur air adhart gu coinneamhan Comataidh Inbhean agus Comataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh, agus às dèidh sin chun Bhùird.

Bidh luchd-sgrùdaidh MG ALBA bhon taobh a-muigh a' toirt laigsean sam bith gu aire a' Bhùird rè an sgrùdaidh bhliadhna. Bithear a' sgrùdadh nithean cudromach agus cunnartan sam bith a thèid a lorg agus thèid dèiligeadh riutha ann an dòigh iomchaidh. Cha deach laigsean cudromach sam bith a lorg ann an 2012-13.

The Board is made up of up to 12 members including the Chairperson. Each board member serves for a period of up to four years. The Board must include members nominated by Highlands and Islands Enterprise (HIE), the BBC and Bòrd na Gàidhlig. Ofcom must also secure, so far as is practicable, that the Board's membership is such that the interests of the independent production sector are adequately represented.

The Board has established two committees to assist in the discharge of its functions. The Audit & Assurance Committee advises the Board on MG ALBA's risk management and internal control. It also covers staff remuneration issues. The Standards Committee advises the Board on media content broadcast by BBC ALBA, training and research. The Board and its committees periodically review and revise policies and corporate documents, which are available at [www.mgalba.com](http://www.mgalba.com).

The Board appoints the Chief Executive, who is the Accounting Officer responsible for ensuring the propriety, regularity and value for money of MG ALBA's expenditure. The Chairperson is in regular contact with the Chief Executive, who has day-to-day responsibility for all aspects of MG ALBA activities.

Every three months, the Senior Management Team considers quarterly reports on all aspects of MG ALBA's activities in detail. Quarterly reporting packs are presented to the Standards Committee and to the Audit & Assurance Committee, and thereafter to the Board.

MG ALBA's external auditors discuss with the Board any reportable weaknesses identified during their annual audit. Significant findings and risks are examined and are subject to appropriate action. No significant weaknesses were identified in 2012-13.





Bidh an t-Àrd-Oifigear, Ceannard Ghoireasan & Ionmhais, Ceannard Phrògraman agus Stiùiriche Seirbheisean Telebhisein a' coinneachadh co-dhiù gach mìos airson sùil a chumail air cur-an-gnìomh a' Phlana Gnìomhachais bhliadhnail, a bhios air aontachadh le Ofcom ro thoiseach na bliadhna, agus airson dèiligeadh ri gnòthaichean ionmhais, gnòthaichean luchd-obrach agus cùisean eile.

Tha cinn-buidseit air an sgrùdadh gach mìos a rèir slatan-tomhais a' Phlana Gnìomhachais. Tha aithisgean agus cunntasan gan deasachadh airson luchd-stiùiridh na buidhne, airson a' Bhùird agus airson Ofcom. Tha na Cinn Roinnean a' cumail Clàr Chunnartan, a thèid ùrachadh gach mìos agus a tha ri dheasbad gach ràith leis a' Chomataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh agus leis a' Bhòrd.

Tha MG ALBA air Poileasaidh Àrainneachd a chur an cèill, a rèir poileasaidh àrainneachd Riaghaltas na h-Alba, gus measadh agus leasachadh na tha sinn a' dèanamh, gus brosnachadh cleachdadh seasmhach air stòrasan agus gus lùghdachadh an sgrìos a tha obair na buidhne a' dèanamh air an àrainneachd. Tha sgrùdadh àrainneachd ga dhèanamh a h-uile dàrna bliadhna agus targaidean air an suidheachadh airson plana-gnìomh. Tha e an urra ris na Cinn Roinnean am poileasaidh agus am plana-gnìomh a choileanadh.

Tha na Cinn Roinnean gu cunbhalach a' faighinn aithisgean air cùisean Slàinte agus Sàbhailteachd. Bidh teisteanasan Slàinte agus Sàbhailteachd airson gach togalach aig MG ALBA air an ùrachadh gach bliadhna agus aithisg air a chur chun Bhùird.

The Chief Executive, Head of Operations & Finance, Head of Content and Television Services Director meet at least monthly to oversee the implementation of the annual Operational Plan, approved by Ofcom before the start of the year, to deal with financial affairs and to address other business and staff matters.

Budget heads are monitored monthly by reference to the parameters set out in the Operational Plan. Reports and accounts are prepared for management, for the Board and for Ofcom. The Senior Management Team also maintains a Risk Register, which is updated monthly and discussed quarterly with the Audit & Assurance Committee and the Board.

MG ALBA has also adopted an Environmental Policy, in line with the Scottish Government's environmental policy, to assess and improve upon environmental performance, to encourage sustainable use of resources and to minimise the negative impact of the organisation's operations on the environment. An environmental audit is carried out every second year and targets are set for an action plan. The Senior Management Team is responsible for ensuring compliance with the policy and action plan.

The Senior Management Team receives regular reports on Health and Safety matters. Health and Safety certificates for all MG ALBA premises are renewed annually and a report sent to the Board.



SEIRBHEIS NAM MEADHANAN GÀIDHLIG AG OBRACHADH MAR MG ALBA

# CUNNTASAN NA BLIADHNA A DHÙIN 31 MÀRT 2013

GAELIC MEDIA SERVICE OPERATING AS MG ALBA

# ACCOUNTS FOR THE YEAR ENDED 31 MARCH 2013

---

**40** AITHRIS AIR DLEASTANASAN A' BHÙIRD  
STATEMENT OF THE BOARD'S RESPONSIBILITIES

**42** AITHISG AN NEACH-SGRÙDAIDH NEO-EISIMEILICH  
REPORT OF THE INDEPENDENT AUDITOR

**44** CUNNTAS TEACHD-A-STEACH & CAITEACHAIS  
INCOME & EXPENDITURE ACCOUNT

**45** DUILLEAG COTHROMACHAIDH  
BALANCE SHEET

**46** AITHRIS SRUTH-AIRGID  
CASH FLOW STATEMENT

**47** NOTAICHEAN RIS NA CUNNTASAN  
NOTES TO THE ACCOUNTS





## AITHRIS AIR DLEASTANASAN A' BHÙIRD STATEMENT OF THE BOARD'S RESPONSIBILITIES

Tha uallach air a' Bhòrd an Aithisg Bhladhnaile agus na cunntasan ullachadh ann an co-rèir ris an lagh iomchaidh agus Inbhean Cunntasachd na Rìoghachd Aonaichte (Cleachdadh Cunntasachd Aontaichte Gu Coitcheann na Rìoghachd Aonaichte).

The Board is responsible for preparing the Annual Report and the accounts in accordance with applicable law and United Kingdom Accounting Standards (United Kingdom Generally Accepted Accounting Practice).

Tha Achd Craolaidh 1990 (mar a chaidh atharrachadh le Achd Craolaidh 1996 agus Achd Conaltraidh 2003) a' cur riathanas air a' Bhòrd cunntasan airson gach bliadhna ionmhasail ullachadh a bheir sealladh fìor agus cothromach air cor gnothaichean na Seirbheise agus air toradh na Seirbheise airson an ama sin. Ann a bhith ag ullachadh nan cunntasan seo, tha riathanas air a' Bhòrd a bhith:

The Broadcasting Act 1990 (as amended by the Broadcasting Act 1996 and the Communications Act 2003) requires the Board to prepare accounts for each financial year which give a true and fair view of the state of affairs of Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig and of the results of Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig for that period. In preparing these accounts, the Board is required to:

- a' taghadh phoileasaidhean cunntasachd freagarrach agus gan cur an gnìomh gu cunbhalach;
  - a' dèanamh bhreithean agus thuairmsean a tha reusanta agus seaghach;
  - ag aithris a bheil inbhean cunntasachd iomchaidh air an leantainn, fo umhail do dh'atharrachadh cudromach sam bith a th' air fhoillseachadh 's a mhìneachadh sna cunntasan;
  - ag ullachadh nan cunntasan mar ghnòthach a' dol fhathast mura bheil e mì-iomchaidh measadh gun lean an t-Seirbheis oirre a' gnìomhachadh.
- select suitable accounting policies and then apply them consistently;
  - make judgements and estimates that are reasonable and prudent;
  - state whether applicable accounting standards have been followed, subject to any material departures disclosed and explained in the accounts;
  - prepare the accounts on the going concern basis unless it is inappropriate to presume that Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig will continue in operation.



Tha uallach air buill a' Bhùird airson clàraidhean cunntasachd ceart a chumail a dh'fhoillsicheas le ìre mhath de chinnteachd aig àm sam bith cor ionmhasail na Seirbheise, nì a bheir comas dhaibh dearbhadh gu bheil na cunntasan a' tighinn a rèir Achd Craolaidh 1990 (mar a chaidh atharrachadh). Tha uallach orra cuideachd airson so-mhaoin na Seirbheise a dhìon agus airson ceuman reusanta a ghabhail dha rèir airson foill agus neo-riaghailteachdan eile a bhacadh agus a lorg.

Mar as fhiù agus mar as fhiosrach le buill a' Bhùird:

- chan eil fiosrachadh sgrùdaidh buntainneach ann air nach eil luchd-sgrùdaidh na Seirbheise eòlach; agus
- tha buill a' Bhùird air gach ceum a ghabhail a bu chòir dhaibh a ghabhail gus eòlas a chumail riutha fhèin air fiosrachadh sgrùdaidh buntainneach sam bith agus barantachadh gu bheil luchd-sgrùdaidh eòlach air an fhiosrachadh sin.

Tha uallach air a' Bhòrd airson deasachadh agus iomlanachd an fhiosrachaidh ionmhasail agus chorporra a tha an cois làrach-lìn na Seirbheise.

The members of the Board are responsible for keeping proper accounting records that disclose with reasonable accuracy at any time the financial position of Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig and enable them to ensure that the accounts comply with the Broadcasting Act 1990 (as amended). They are also responsible for safeguarding the assets of Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig and hence for taking reasonable steps for the prevention and detection of fraud and other irregularities.

In so far as the members of the Board are aware:

- there is no relevant audit information of which Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig's auditors are unaware; and
- the members of the Board have taken all steps that they ought to have taken to make themselves aware of any relevant audit information and to establish that the auditors are aware of that information.

The Board is responsible for the maintenance and integrity of the corporate and financial information included on Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig's website.





# AITHISG AN NEACH-SGRÙDAIDH NEO-EISIMEILICH DO BHUILL SHEIRBHEIS NAM MEADHANAN GÀIDHLIG

## REPORT OF THE INDEPENDENT AUDITOR TO THE MEMBERS OF SEIRBHEIS NAM MEADHANAN GÀIDHLIG

